

NOTAICHEAN NAN TIDSEAR – SGEULACHD LEGO NA NOLLAIG

'S e an Nollaig aon de na prìomh fhèisean Crìosdail agus tha e gu math cudthromach anns a' chreideamh Chrìosdail. Tha iomadh traidisean agus tachartas na lùib agus faodaidh sibh leasan stèidhichte orra a theagasg le cuideachadh bhon ghoireas inntinneach ùr seo.

Aig an Nollaig seo, dèanaibh toileachas còmhla mu bhreith Ìosa leis a' bhidio Lego iongantach agus tlachdmhor seo.

Is caomh le clann agus, gu dearbh, le inbhich de gach aois, a bhith a' cluiche le LEGO agus a bhith cruthachail leis.

Le cuideachadh bhon ghoireas ùr seo (a tha ann an Gàidhlig agus Beurla), faodaidh sibh mòran spòrs agus cur-seachadan a chruthachadh (ann an Gàidhlig agus Beurla) an dèidh a' bhidio a choimhead – a smaoinichadh, a' deasbad agus a' cleasachd leis an t-seann stòiridh ann an dòigh gu tur ùr.

Faodaidh sibh am beòthalachd cruthachail Nollaig seo bho LEGO a chleachdadh airson stòiridh na Nollaig a theagasg, a rèir ur coimhearsnachd agus ur suidheachadh fhèin. Leanaibh an stòiridh bho Ìosaph agus Màiri a' sireadh rùm san taigh-òsta gu na Daoine Glice a' toirt seachad prèasantan de òr, tùis agus mirr anns an stàball.

Tha an goireas dathail tarraingeach seo fìor-mhath airson a chleachdadh an dà chuid san sgoil agus san dachaigh. Le cuideachadh bhon ghoireas seo faodaidh raon-fhacal na clainne a bhith air a leasachadh agus na sgilean sgrìobhaidh, labhairt agus èisteachd aca cuideachd.

Seo cuid den obair a dh'fhaodar a dhèanamh an dèidh a' bhidio a choimhead, le atharrachaidhean iomchaidh a rèir aois agus ìre na cloinne:

RME:

- Bruidhnibh mun bhidio ris a' chloinn, gus cuideachadh leotha a bhith a' tuigsinn, no le bhith a' daingneachadh dhaibh, brìgh na Nollaig agus carson a bhios Crìosdaidhean a' cumail na Nollaig agus cleachdaidhean co-cheangailte ris.
- Sònraichibh agus dèanaibh deasbad air suaicheantasan agus tradaiseanan na Nollaig agus mar a tha iad gar cuideachadh gus cuimhne a chumail air Stòiridh na Nollaig an-diugh.
- Rannsaichibh agus bruidhnibh mun dòigh sam bi sinn a' cumail na Nollaig ann an Alba agus dèanaibh coimeas eadar seo agus mar a bhithear a' cumail na Nollaig air feadh an t-saoghail.
- Rannsaichibh agus bruidhnibh mun dòigh sam bi sinn a' cumail na Càisge ann an Alba agus dèanaibh coimeas eadar seo agus fèiltean Càisge air feadh an t-saoghail. Dh'fhaodadh a' chlann iomradh a thoirt air mar a bhios iad fhèin a' cumail na Nollaig; no dh'fhaodadh iad innse dè rinn iad ma thàinig bèibidh ùr dhan teaghlach acasan.

- Rannsaichibh agus dèanaibh deasbad air dè bhios daoine de dhiofar chreideamhan a’ dèanamh aig an Nollaig, a’ cleachdadh eisimpleirean bhon chlainn agus na tradaiseanan teaghlaich acasan.
- Rannsaichibh an cuspair “tìodhlacan/prèasantan” – a’ toirt, agus a’ gabhail, naidheachdan matha.

Litearrachd (le eisimpleirean de dhuilleagan-obrach na chois):

- Tarraing a-mach na puingean as cudthromaich san sgeulachd agus faclan agus abairtean cudthromach.
- Cuir sgeulachd na Nollaig ann an òrdugh rianail – m.e. diagram; dh’fhaodadh clann an dreach Lego aca fhèin a thogail de phàirtean de sgeulachd na Nollaig, le dithis no buidheann beag ag obair còmhla a rèir aois agus ìre; dh’fhaodadh a’ chlann leubail a chur air an obair a thog iad/geàrr-chunntas a sgrìobhadh nam faclan fhèin/dealbhan a thogail mar fhianais air an cuid obrach; agus dh’fhaodadh iad sin a luchdachadh gu làraich air-loidhne.
- Dèan ath-innse, no cùm leabhar-latha, air Stòiridh na Nollaig tro shùilean aon de na prìomh characteran.
- Dèan geàrr-chunntas air Stòiridh na Nollaig nad fhaclan fhèin.
- Sgrìobh artaigil airson pàipear-naidheachd no sgrìobt dealbh-chluich mu na prìomh thachartasan aig àm breith Ìosa oann an Stòiridh na Nollaig.

Slàinte & Sunnd

- Ceangail an stòiridh ri fòcas air toirt seachad agus gabhail. Cò as cudthromaiche de na dhà?

Ealain Chruthachail – Dràma, Ceòl, Ealain & Dannsa

- Ath-chruthaich stòiridh na Nollaig tro riochd-chleasachd/dràma airson fhoillseachadh mu choinneimh a’ chlas no aig cruinneachadh sgoile. Faodaidh cothroman airson propachan a chruthachadh, seinn laoidhean Nollaig msa a bhith an lùib seo.

Teicneòlas:

- Tog earrannan den sgeulachd le Lego a tha freagarrach dhan aois/ìre.
- Tog an **stàball** LEGO agad fhèin a’ cleachdadh an sgeama PDF aig LEGO.

Ceanglaichean ri Fèin-fhiosrachaidhean agus Builean CFE:








Tràth-Ìre	An uair a bhios mi a’ rannsachadh sgeulachdan, ìomhaighean, ceòl agus dàin Chrìosdail, tha mi a’ fàs eòlach air cuid de na creideasan a tha aig daoine Crìosdail mu Dhia agus Ìosa. RME 0-01a Tha mi a’ fàs mothachail do chudromachd shubhachasan, fhèillean agus
-----------	--

	chleachdaidhean ann am beatha dhaoine Crìosdail. RME 0-03a Tha mi a’ fàs mothachail do chudromachd shubhachasan, fhèillean agus chleachdaidhean ann am beath dhaoine cràbhach. RME 0-06a Mar a bhios mi ag èisteachd agus a’ gabhail pàirt ann an còmhraidhean, tha mi a’ lorg fhacail is abairtean ùra. Bidh mi a’ cleachdadh iad sin gus mo chuideachadh a’ labhairt, a’ cluich agus ag obair còmhla ri càch. GAI 0-02a Tha mi ag èisteachd no a’ coimhead airson fiosrachadh feumail, agus tha mi a’ cleachdadh seo gus taghaidhean a dhèanamh no rudan ùra ionnsachadh. LIT 0-04a Airson mo chuideachadh a’ tuigsinn sgeulachdan agus theacsaichean eile, tha mi a’ faighneachd cheistean agus a’ dèanamh ceangal eadar na tha mi ag ionnsachadh agus nas aithne dhomh mu thràth. LIT 0-07a / LIT 0-16a / Tha mi a’ sgrùdadh dhòighean a thaobh a bhith a’ deilbh agus a’ dèanamh mhodailean. TCH 0-09a
Ciad ìre	Tro rannsachadh sgeulachdan bhon Bhìoball, is urrainn dhomh iomradh a thoirt air cuid de chreideasan a tha aig Crìosdaidhean mu dheidhinn Dia agus Ìosa RME 1-01a Tha mo mhothachadh a’ fàs do na dòighean sam bi Crìosdaidhean a’ comharrachadh diofar amannan den bhliadhna, agus ’s urrainn dhomh iad sin a cheangal rim bheatha fhìn agus ris a’ choimhearsnachd. RME 1-03b Tha mo mhothachadh a’ fàs do na dòighean anns am bi luchd-leantainn chreideamhan an t-saoghail a’ cumail diofar amannan den bhliadhna, agus ’s urrainn dhomh iad sin a cheangal rim bheatha agus rim choimhearsnachd fhìn. RME 1-06b Mar a bhios mi ag èisteachd agus a’ gabhail pàirt ann an còmhraidhean, faodaidh mi facail is abairtean ùra a chleachdadh gus mo chuideachadh le conaltradh. GAI 1-02a Fhad ’s a tha mi ag èisteachd no a’ coimhead, is urrainn dhomh adhbhar agus prìomh fhacail is bheachdan an teacsa aithneachadh agus bruidhinn orra, agus am fiosrachadh seo a chleachdadh airson adhbhar sònraichte. LIT 1-04a ’S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a’ tuigsinn na tha mi ag èisteachd no a’ coimhead le bhith a’ freagairt no a’ faighneachd diofar sheòrsaichean cheistean. LIT 1-07a Is urrainn dhomh modailean a dheilbh agus a thogail agus na fuasglaidhean agam a mhìneachadh.

	TCH 1-09a
Dàrna ìre	Tro rannsachadh agus meòrachadh air sgeulachdan a’ Bhiobaill agus sgeulachdan Crìosdail eile, ’s urrainn dhomh mo thuigse mu na sgeulachdan sin a shealltainn. RME 2-01a Tro rannsachadh nan dòighean sam bi Crìosdaidhean a’ comharrachadh prìomh thachartasan beatha agus amannan den bhliadhna, ’s urrainn dhomh prìomh fheartan nam fèillean agus nan subhachasan sin a mhìneachadh. RME 2-03b Is urrainn dhomh cleachdaidhean agus traidiseanan Crìosdaidheachd a mhìneachadh, agus bheachdaich mi air an dòigh san tug iad sin buaidh air comann sòisealta na h-Alba. RME 2-03c Is urrainn dhomh iomradh a thoirt agus meòrachadh air cleachdaidhean agus traidiseanan chreideamhan an t-saoghail. RME 2-06c Mar a bhios mi ag èisteachd agus a’ gabhail pàirt ann an còmhraidhean, faodaidh mi facail is abairtean ùra a chleachdadh gus mo chuideachadh le conaltradh ann an dòigh fhongail a’ cleachdadh briathrachais leudaichte agus structaran cànan nas ioma-fhillte. GAI 2-02a Tha mi ag ionnsachadh cànan agus stoidhle a chleachdadh ann an dòigh a tha tarraingeach agus/no aig am bi buaidh air an leughadair agam. GAI 2-27a Fhad ’s a tha mi ag èisteachd no a’ coimhead, ’s urrainn dhomh adhbhar an teacsa, na prìomh bheachdan agus am fiosrachadh a tha a’ cur taic riutha aithneachadh agus bruidhinn orra, agus ’s urrainn dhomh am fiosrachadh seo a chleachdadh airson diofar adhbharan. LIT 2-04a <i>’S urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad, cunntas a thoirt air tachartasan, pròiseasan a mhìneachadh no smuaintean a chur còmhla ann an diofar dhòighean. LIT 2-28a</i> Is urrainn dhomh mo sgilean deilbh a leudachadh agus a neartachadh gus ceistean fhuasgladh agus is urrainn dhomh modailean a thogail. TCH 2-09a

Sgeul nan Nollaig tre Lego

Cuir na dealbhan anns an ordugh cheart airson Sgeul nan Nollaig tre Lego a chruthachadh.



Sgeul nan Nollaig tre Lego

Cuir na dealbhan anns an ordugh cheart. Sgrìobh seantans no dhà fo gach dealbh ag innse dè tha a' tachairt.



Sgeul nan Nollaig tre Lego



- Ath-innis na prìomh phuingean ann an Sgeul nan Nollaig tre Lego nad fhaclan fhèin no ann am bàrdachd.



Sgeul nan Nollaig tre Lego



- Rannsaich, thoir iomradh air, minich agus cur an cèill beachd le adhbharan taic mu chudromachd traidisean, cleachdadh, subhachas, deas-ghnàth, no dòigh a tha a' comharrachadh nan Nollaig ann an Crìosdaidheachd, ann an aon Chreideamh Saoghail, agus ann an aon bhuidheann creideis neo-eisimeileach do chreideamh.

Crìosdaidheachd

Creideamhan an t-Saoghail

Buidhean creideis neo-eisimeileach do chreideamh